

Marbhrann do Shir Ioseph Radcliffe

le Uilleam MacCoinnich 1872

Gur mise 'tha fo airteal 's fo thùrs,
'S beag m' aighir ri sùinnt an-dràst',
Bhon a chaill mi charaide-cùirt,
A sheasadh mo chùis 's gach càs.

'S léir ri fhaicinn a bhlàth air mo ghnùis,
'S tric snidhe mo shùl gu làr,
Bhon 'chuir iad thu 'd laighe san uaigh,
Bidh mi 'm dhuine bochd truagh gu bràth.

Có ris a théid mi 'gam ghearan a chaoidh,
Ged a bhithinn fo bhinn aig càch,
'S tu sheasadh gun athadh mo chùis,
Nuair bhithinn fo ghlùn mo nàmh.

Ged a thionndaidheadh càch rium fuar,
Bha do chridhe 's do chluas dhomh blàth,
'S tha m' earbs' ann am Mac Rìgh nan Dùl,
Gu bheil d' anam, a rùin, aig tàmh.

Thig earrach, thig samhradh 'na dhéidh,
Tionnd'aidh siantan nan speur gu blàths,
Thig brùthainn san fhoghar ri gréin,
'Chuireas toradh 's gach pòr 'tha 'fàs.

Ach thig geamhradh na gaillinn 'na dhéidh,
Crionaich luibhean is feur gu làr,
'S ann mar sin tha saighid an aoig,
A' taghadh nan laoch as fheàrr.

'S ann agad 'bha 'n inntinn, 'fhir ghaoil,
Nach fhaiceadh nan éiginn càch,
Gu h-uasal, macanta, ciùin,
Is sealladh do shùl cho blàth.

Cha spiocaireachd, ghortach, gun diù,
Bu toigh leat, a rùin, 'bhith 'd phàirt,
Is gum b' aigh'reach mise 'nad chùirt,
Gus 'n do dhealaich ar cùrs' am bàs.

Nuair 'chaidh mi an toiseach fo d' sgéith,
Cha robh sinn le chéil' ach òg,
Bha thus' anns an onair bu dual,
Mise 'am ghiullan bho Chruaich a' Cheò.

'S ioma comhairle-ghliocais le tùr,
Thug thu orm anns gach cùis bu chòir,
Bithidh mi nis mar bha Oisean na Féinn',
Ri cumhadh 'ad dhéidh ri m' bheò.

'S tric 'dh'fhalbh sinn air thuras don bheinn,
Bhiodh do ghunna air ghleus, a sheòid,
Bha mi earbsach á d' làimh is á d' shùil,
Nuair a lùbadh tu 'n glùn le deòin.

Bhiodh làn damh cabrach gun lùths,
'Call fal' air an driùchd gu làr,
Chan iarramaid cuileana seang',
Bhiodh do pheilear mu cheann a bhàis.

Fhad 's a mhaireas mo mheodhail 's mo thùr,
Gum bi e 'nam chuimhn' gach latha,
Na fhuair mi de shòlas 'ad chùirt,
An aighear 's am mùirn 's a' spòrs.

Ann am monadh no 'm frith nan damh seang,
An coire no 'n gleann a' cheò,
'S e thogadh mo chridhe gu sùnd,
'Bhith 'g éisteachd ri cainnt do bheòil.

Tha do bhaintighearna òga fo thùrs',
'S tric snidhe an sùl gu làr,
Mun athair a thog iad ri 'ghlùn,
Choisinn urram is cliù tha chàch.

Chan ioghnadh ged 'bhithinnsa ciùirt',
Mu theaghlach mo rùin gach latha,
Bhon chaill iad am barantas-cùil,
'bha 'gléidheadh an cùrs' dhaibh òg.

'S ann a ghabh sinn cead deireannach buan,
Aig cladach a' chuain DiMàirt,
Chan fhaca mi tuilleadh do ghnùis,
Nuair a dh'aisig thu 'nunn thar sàil.

Bha deòir a' frasadh o m' shùil,
Nuair 'chuir mi mi chùl ri tràigh,
Tha mi nise mar bhàta gun stiùir,
Gun sgiobair, gun siùil, gun ràmh.

Gur lionar m' osnaich fo thuinn,
'S mo chridhe 'am com fo phràmh,
Tha acain fo aisnean mo chléibh,
Cha dèan lighich' mo chreuchdan slàn.

Cha ghalar no goirteas mo chinn,
A dh'fhàg mi cho tinn an-dràst',
Ach cumhadh mo mhaighstir ghaoil,
'S mo bheannachd 'ad dhéidh gu bràth.

Sguiridh mise 'gad chumhadh, 'fhir ghaoil,
Bhon nach dèan e dhomh feum no stàth,
Chaidh toll ann 'am chridhe làn chreuchd,
Bhon chuala mi sgeul do bhàis.

Ach guidheam le còmhnadh Mhic Dhé,
Do mhac-oighre 'bhith 'g éirigh 'd àit',
Ann an onair, an gliocas 's an suairc',
Gu lionadh a suas na beàrn.